


# Cùram-cloinne Aois-sgoile

Frèam-obrach 2023 Gearr-  
chunntas Gnìomhach



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba



Tha àite riatanach aig seirbheisean cùraim-chloinne n-ar coimhearsnachdan, a' tabhann measgachadh roghainnean anns an urrainn earbsa a bhith aig teaghlaichean gus taic fhaighinn le feumalachdan cùraim-chloinne roimhe is às dèidh na sgoile, is tro na saor-làithean.

Ann am [Best Start, Bright Futures: tackling child poverty delivery plan 2022-26](#), tha dealas againn siostam cùraim-chloinne aois-sgoile a thogail far nach pàigh iadsan leis an teachd a-steach as ìsle dad. Tha cothrom cùraim-chloinne leudaichte do chloinn aois-sgoile deatamach son ar misean nàiseanta dèiligeadh le bochdainn chloinne, brosnachadh math teaghlaich, cuideachadh pàrantan is luchd-cùraim cothrom fhaighinn air oideachadh, trèanadh is trusadh, is draibheadh co-ionannachd gnè nas motha is #Cumail An Gealladh do ar cloinn aig a bheil eòlas air cùram.

Tha fios againn nach libhrig maoinachadh cùraim-chloinne aois-sgoile a-mhàin na toraidhean sòisealta nas fharsainge a tha sinn a' sireadh. Sin an t-adhbhar a tha sinn ag obair gu dlùth thairis rainnse phoileasaidhean le compàirtichean gus ionnsachadh is làn-mheudachadh na buannachdan aig tairgse maoinichte cùraim-chloinne aois-sgoile. Aithnichidh ar raointean gnìomha an iom-fhillteachd seo is tha ar dòigh-obrach stèidhichte air an duine is air an àite ag amas air cruthachadh siostaman ionadail gus coinneachadh feumalachdan na cloinne is teaghlaichean am broinn an coimhearsnachdan.





**Figear 1:** Mar a chuireas lèirsinn is draibhearan a' phoileasaidh Cùram-chloinne Aois-sgoile ri toraidhean an Fhrèam-obrach Choileanadh Nàiseanta

# Dè a dhéanas sinn is ciamar



Bidh ar dòigh-obrach son dealbhadh is togail siostam cùram-chloinne **stèidhichte air an duine is air an àite**. Tha seo a' ciallachadh gu bheil taic is comas aig muinntir na h-Alba làn-phàirt a ghabhail ann am mìneachadh, dealbhadh is libhrigeadh na seirbheisean poblach aca.

Doimhnichidh sinn ar tuigse air mar a tha an siostam cùram-chloinne aois-sgoile ag obair tro bhith a' tuigse eòlas iadsan a tha na lùib, ge be a bheil na daoine ud a' cleachdadh sheirbheisean cùram-chloinne aois-sgoile, a' solarachadh sheirbheisean, no a' cur taic riutha. Tha sinn an dùil gum bi feumalachdan theaghlaichean, is na goireasan ri fhaotainn gus freagairt na feumalachdan sin, diofraichte eadar coimhearsnachdan na h-Alba. Le bhith a' leantainn dòigh-obrach a libhrigeas na toraidhean a tha cudromach ri coimhearsnachdan sònraichte, tha sinn ag aithneachadh gu mathaid gu lean co-dhealbhaidh ri siostaman is seirbheisean cùram-chloinne aois-sgoile sònraichte ann an àitichean eadar-dhealaichte.



Tha ar ‘Plana air duilleig’ na dhreachd air mar a thogas is a libhrigeas sinn siostam cùram-cloinne aois-sgoile:

## Ar Lèirsinn

Tairgse cùram-cloinne aois-sgoile dìnimig, còir-stèidhichte do chloinn is daoine òga a thaiceas roghainn is fàs, a’ comasachadh theaghlachan is coimhearsnachdan an làn-chomas a choileanadh.

## A’ coileanadh ar lèirsinn – na libhrigeas ar prògram

“Bidh siostam cùram-cloinne aois-sgoile ruigsinneach is neo-chosgail aig Alba a’ toirt cùram roimhe is às deidh sgoil is tro na saor-làithean do chloinn bun-sgoile bho dhachaighean le teachd a-steach iosal, is gun urrainn clann biadh fallainn is biadh-mhor fhaighinn mar phàirt den thairgse seo.”

## Carson a tha sinn na dhèanamh?

### A’ dèiligeadh ri bochdainn chloinne

A’ fàs teachd a-steach phàrantan tro sholaradh cùram-cloinne a thaiceas obair sheasmhach is chothromach. A’ lùghdachadh cnapan-starra trusaidh tro leasachadh cothrom air cùram-cloinne do na teaghlachan as deatamaiche.

### A’ leasachadh thoraidhean do chloinn is teaghlachan

A’ lùghdachadh nan neo-ionannachdan a bhios nam bacadh do theaghlachan targaide cothrom fhaighinn air measgachadh mòr de chur-seachadan. A’ leasachadh math teaghlach le bhith a’ cur taic ri is ag àrdachadh cothrom air cùram-cloinne, biadh is cur-seachadan amalaichte.

## Cò a chuidicheas e?

Tha ar n-obair le fòcas air taiceadh teaghlachan le teachd a-steach iosal, gu h-àraid iadsan am broinn nan sia prìomh bhuidhnean teaghlach dualtach a bhith beò am bochdainn.



Pàrantan nan aonar



Teaghlachan mòra (le trìuir chloinne no barrachd)



Teaghlachan le pàiste (fo aon)



Màithrean òga (fo 25 bliadhna a dh’aois)



Teaghlachan mion-shluaghach



Teaghlachan le inbheach no leanabh ciorramach

## Dè a nì sinn?

### Raointean Gnìomha



#### Togail an t-Siostaim

A’ cruthachadh a’ bhun-structair nàiseanta a thaiceas fàs is leudachadh.



#### Measadh an Atharrachaidh

Rannsachadh libhrigeadh sheirbheisean is na buaidhean aca an coimhearsnachdan diofraichte



Feumalachdan reachdais



Dealbhadh inneal libhrigidh



Riaghladh is clàradh



Teisteanasan



Airidheachd



Taiceadh leasachaidhean don t-siostam làithreach

Coimhearsnachdan tràth-thogail, a’ measadh:



Seirbheisean Speisealach



Solaradh Bidh



Measadh comas is iarrtas fad bliadhna



Targaideachadh maoinachaidh



Solaradh dùthchail

## Ciamar a nì sinn e?

Dealbhadh sinn ar siostam cùram-cloinne aois-sgoile mu thimcheall feumalachdan dhaoine is na tha cudromach do choimhearsnachdan

Stèidhichte air àite



Stèidhichte air daoine



# Ar Raintean Gnìomha

An lùib togail siostam cùraim-chloinne aois-sgoile tha a bhith a' dealbhadh gach cuid seirbheisean cùraim-chloinne aois-sgoile is na structaran siostaim a thaiceas is a cheanglas na seirbheisean ri chèile.

Le **'Togail an t-siostaim'** nì sinn cinnteach gum bi na structaran siostaim nàiseanta a thaiceas an libhrigeadh aig tairgse maoinichte cùraim-chloinne aois-sgoile a' coileanadh feumalachdan iadsan a bhios a' cleachdadh cùraim-chloinne aois-sgoile, is iadsan a bhios na sholaradh. Bidh sinn:

- A' meòrachadh feumalachdan reachdais sam bith a dh'fhaodadh a bhith a dhìth.
- Ag aithneachadh roghainnean a b' urrainn a bhith ann gus tairgse maoinichte teachdail de chùram-cloinne aois-sgoile fhaighinn do theaghlaichean.
- A' cumail oirnn a' scòpadh roghainnean a b' urrainn a bhith ann son libhrigeadh tairgse teachdail cùraim-chloinne aois-sgoile gu teaghlaichean, a' coimhead gu dlùth ris na buannachdan aig modailean libhrigidh diofraichte is mar a fhreagras iad na tha teaghlaichean air innse dhuinn a dh'obraicheadh as fheàrr dhaibhsan.

- A' meòrachadh cò ris a bu chòir frèam-obrach riaghlaidh làidir do chùram-cloinne aois-sgoile, a thaiceadh càileachd, nuadhas is fàs anns an roinn, a bhith coltach.
- A' dearbhadh gu bheil am frèam-obrach teisteanais do chùram-cloinne aois-sgoile ion-amasach, a' figh a-steach càileachd, a' freagairt ri feumalachdan cloinne aois-sgoile gu lèir, is cinnteach de feachd-obrach seasmhach thairis an roinn san ùine-fhada.
- A' cumail sgrùdadh airidheachd gus dòigh-obrach chunbhalach a leasachadh leis an tomhas sinn airidheachd air tairgse maoinichte teachdail sam bith de chùram-cloinne aois-sgoile.
- A' meòrachadh far an urrainn an siostam làithreach a leasachadh, gu h-àraid dèanamh cinnteach gun urrainn pàrantan, luchd-cùraim is solaraichean gu farasta fiosrachadh fhaighinn mu chùram-cloinne aois-sgoile.


Le **Measadh an atharrachaidh**, tha sinn mu thràth a' coimiseanadh is a' maoinachadh obair ann an coimhearsnachdan gus cùram-cloinne aois-sgoile a thoirt do na teaghlaichean as motha a dh'fheumas e gus ionnsachadh bho na tha ag obair aig ìre ionadail is aithneachadh na h-atharrachaidhean a tha a dhìth aig ìre nàiseanta.

- Tha obair mu thràth air tòiseachadh sna raointean seo gus tuigse feumalachdan cùraim-chloinne is tha sinn mu thràth air tòiseachadh libhrigeadh seirbheisean maoinichte cùraim-chloinne aois-sgoile do theaghlaichean aig am biodh trioblaid pàigheadh air an son. Bidh sinn:
- A' meòrachadh ciamar as fheàrr dealbhadh is libhrigeadh seirbheisean seasmhach as urrainn taiceadh teaghlaichean **fad na bliadhna**.
- A' cur rannsachadh is eòlas làithreach gu feum, bho iadsan a tha a' faighinn is a' libhrigeadh **seirbheisean speisealach** de dh'àrd-chàileachd, gus a bhith soilleir mun mhaoineachadh, modailean trusaidh is àrainneachdan de dh'àrd-chàileachd a tha a dhìth gus libhrigeadh tairgse cùraim-chloinne aois-sgoile do chloinn, ge be dè am feumalachdan.

- A' sgrùdadh is a' measadh an iarrtais son **biadh** is na toraidhean do chloinn is teaghlaichean gus freagairt ri dì-thèarainteachd bìdh ann an dòigh stèidhichte air còraichean, le urram is gun stiogma.
- Ag ullachadh is a' feuchainn co-dhùnaidhean a thaiceas seasmhachd seirbheisean riatanach cùraim-chloinne aois-sgoile am broinn choimhearsnachdan dùthchail is eileanach.







Figear 2: Coimhearsnachdan Tràth-thogail Cùraim-chloinne Aois-sgoile a th' ann mu thràth



## Ath-cheuman



Ann an 2023, nì sinn sreath thachartasan compàirteachaidh son ùghdarrasan ionadail is solaraichean le fòcas air soilleireachadh ar dòigh-obrach is conaltradh na tha Riaghaltas na h-Alba a' sùileachadh is sinn a' toirt ar gealladh cùraim-chloinne aois-sgoile gu buil. A' togail air a' chompàirteachas seo, agus air na tha solaraichean mu thràth air cuir ri co-dhealbhadh 's iad an sàs ann am Pannal nan Daoine, leasaichidh sinn planaichean son obair cho-dhealbhaidh sholaraiche dhìleas ann an 2023. Cuideachd, bidh sinn a' coluadar le Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba, an Luchd-sgrùdaidh Cùraim is Foghlam Alba, a thuilleadh air buidhnean nàiseanta (a' cunntadh an Lìonradh Albannach son Cùram Taobh Muigh na Sgoile is Comann Aireachaidh-chloinne na h-Alba) a' riochdachadh roinn a' chùraim-chloinne aois-sgoile, gus aire a thogail mun dòigh-obrach a tha sinn a' leantainn is an t-àite acasan ann a bhith a' cur taic ri libhrigeadh ar raointean gnìomha.

Ann an 2023-24 cuiridh sinn tuilleadh airgid dha na pròiseactan againn gus **measadh an atharrachaidh** tro bhith a' cumail oirnn a' cur taic ri ar Coimhearsnachdan Tràth-thogail is seirbheisean maoinichte son Cothrom fhaighinn air Cùram-cloinne. A thuilleadh air na ceithir Coimhearsnachdan Tràth-thogail a th' ann mu thràth ann an Siorrachd Chlach Mhanann, Dùn Dè, Glaschu is Inbhir Chluaidh, thèid ar pròiseact a leudachadh gu sgìrean ùra ann am Fìobha is Eileanan Shealtainn.

Ann an 2025-26, leasaichidh sinn plana libhrigidh nas mionaidiche a' sealltainn cò ris a bhios tairgse cùraim-chloinne aois-sgoile coltach do theaghlaichean am broinn choimhearsnachdan is a' toirt clàr-ama libhrigidh soilleir.

Bu mhath leinn taing a thoirt do chloinn, teaghlaichean, luchd-cùraim, solaraichean cùraim-chloinne aois-sgoile, is an iomadh neach-ùidhe eile ris na bhruidhinn sinn mu thràth, a chuidich cruthachadh ar lèirsinn is raointean gnìomha don teachd-àm. Bu mhath leinn taing a thoirt do gach neach an-dràsta ag obair gus cùram-cloinne aois-sgoile a thoirt do theaghlaichean air feadh Alba – tha sibh a' solarachadh seirbheisean riatanach a tha a' cur taic ri cloinn is teaghlaichean am broinn ur coimhearsnachdan an-dràsta is san teachd-àm.



© Crown copyright 2023

**OGL**

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at  
The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-624-3 (Web only)

Published by The Scottish Government, October 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1260462 (10/23)

**W W W . g o v . s c o t**